

chor nan Gaidheal a bha'm measg ceud luchd-
àiteachaidh Chanada. Tha na rannan a leanas
o'n bhàrd Mac-Gilleann, Mherigomish, 'dol dir-
each gu cridhe na cùise, 'n a dhoigh gheur-
bhriathrach fein. Ged rinneadh iad air Nova
Scotia tha iad fìor mu sheann Ontario, mar an
ceudna:—

'S i so an dùthaich 's a bheil an cruadal
Gun fhios do'n t-sluagh a tha tigh'nn a nall,
Gur h-ole a fhuaras oirnn luchd a' bhuairidh
A rinn le'n tuairisgeul ar toirt ann.
Ma ni iad buannachd cha mhair i buan dhaibh,
Cha dean i suas iad 's cha'n ioghnadh leam,
'S gach mallachd truaghain a bhios'g an ruagadh
Bho'n chaidh am fuadach a chur fo'n ceann.

* * *

'N uair thig an geamhradh is àm na dùbhlachd
Bidh sneachda 'dlùthadh ri cùl nan geug,
'S gu domhain dùmhail dol thar na glùine,
'S ge maith an triùbhsair cha dean i feum,
Gun stocain dhùbailt' 's a' mhocais chlàdaich
'Bhith's air a dùnadh gu dlùth le éill;
B'e 'm fasan ùr dhuinn a cosg le fionntach
Mar chaidh a rùsgadh de'n bhrùid an dé.

Mar bi mi eòlach airson mo chómhdaich
Gu'm faigh mi reòta mo shròn 's mo bheul;
Le gaoth a tuath a bhith's neamhail fuairidh
Gu'm bi mo ehluasan an cunnart geur.
Tha'n reothadh fuath'sach, cha seas an taugh ris,
Gu'm mill e chruaidh ged a bha i geur;
Mur toir mi blàths d'i, gu'm brist an stailinn,
'S gun dol do'n cheardaich cha ghearr i beum.